

Let's cluster our projects
Join pools now
e-mail ka@ots.dk



Tha slighe romhainn airson co-obrachaidh agus sgaoileadh thoraidhean

Ma tha sibh ag obair air pròiseact chànain (no air crìoch a chur air te), nach smaoinich sibh air na toraidhean agaibh a chur cuide ri pròiseactan teagaisg ann an cànan eile? Le co-obrachadh, ruigidh sinn air an luchd-cleachdaidh agus thig buaidh nas làidire às ar cuid obrach. Ma nì sinn uile iomlaid air an fhiosrachadh is air na toraidhean againn, cha bhi aig gach duine tòiseachadh as ùr gach turas.

Tha pròiseact Pools a' faighinn taic bho Leonardo II airson chùrsaichean trèanaidh do luchd-teagaisg a thoirt air adhart. Tha na cùrsaichean stèidhichte air stuthan ann an naoi chànan; Bascach, Danmhaircis, Dùitsis, Beurla, Gàidhlig na h-Alba, Gearmailtis, Lithuàianach, Romànianach agus Spàinnis, ach tha e cuideachd na phrìomh amas a bhith a' co-obrachadh le pròiseactan a tha a' buntainn ri chànan eile.

Obrachaidh làrach-lìn Pools mar dhoras chun na toraidhean agaibh. Air a' làrach-lìn, gheibh sibh cuideachd stuthan *copyleft* airson teagaisg chànan agus leabhraichean-làimhe air dòighean-obrach, agus faodaidh sibh iad seo a chleachdadh airson na pròiseactan agaibh fhèin.

Nam bu toigh leibh a bhith nur pàirt de sgioba Pools, cuiribh post-dealain gu ka@ots.dk





,S e **buidheann-amais na pròiseict** tidsearan mhion-chànain ann an colaistean teicnigeach. Tha gainnead ann de stuthan ICT airson na cànain seo, agus airson buannachd *eLearning* fhaotainn feumaidh an luchd-teagaisg tric na goireasan a chruthachadh iad fhèin.

,S iad na goireasan a thig às a’ phròiseict seo:

1. Cruinneachaidhean stuthan *copyleft* air-loidhne a bhios rin cleachdadh aig àm trèanadh in-sheirbheis luchd-teagaisg agus ann an teagasg.
2. Modalan cùrsa a bhios sùbailte agus a rèir comais luchd-teagaisg na cànain, a’ bualadh air dòighean-obrach ICT agus air leasachadh ghoireasan teagaisg a tha a’ cleachdadh ICT. Bidh na modalan gan toirt gu ìre airson chùrsaichean in-sheirbheis, cùrsaichean air astar agus airson chùrsaichean a tha a’ cleachdadh measgachadh dòighean teagaisg.
3. DVD le stiùireadh mionaideach agus eisimpleirean air mar a chruthaicheas tu stuth iomadh-mheadhan airson a chur air-loidhne.
4. Leabhar Cùrsa (faidhle pdf air-loidhne) le mìneachadh air stuthan *eLearning* airson teagaisg chànain agus air dòighean-obrach.
5. Làrach-lìn a bhios mar dhoras gu pròiseactan com-pàirteachas agus pròiseactan eile ann an ICT agus LA. Bidh an stuth gu lèir bho na pròiseactan, bhideothan, àite-còmhraidh agus liostaichean puist-dealain rim faighinn air a’ làrach-lìn.

Tha **làrach-lìn na pròiseict** ri faicinn aig www.languages.dk Bidh còrr is 13,000 luchd-tadhail a’ tighinn chun a’ làrach gach bliadhna mar thà (agus bidh an làrach-lìn a’ nochdadh air a’ chiad duilleig thoraidhean aig Yahoo is Google airson „stuthan teagaisg chànain“). Mar com-pàirtiche anns a’ phròiseict, nì an „European Forum of Technical and Vocational Education and Training“ cinnteach gu tèid a sgaoileadh gu manaidsèaran ann an ceudan institiùdan dreuchdail air feadh na Roinn Eòrpa.

POOLS - Pròiseact mar phàirt de Leonardo II. 1 Dàmhair 2005 gu 30 Sultain 2007.

Sgrìobhainn Feumalachdan: Anns a’ bhliadhna 2000 chaidh rannsachadh a dhèanamh am measg luchd-teagaisg ann an dùthchannan an Aonaidh Eòrpaich. Sheall „Sgrùdadh Stuthan Ionnsachaidh na Cànain Eòrpaich“ nach eil mòran trèanadh aig luchd-teagaisg mhion-chànain ann dòighean-teagaisg is dòighean-obrach. Sheall an rannsachadh cuideachd gur ann ainneamh a bha dreach còmhraiteach air stuthan chùrsaichean airson na cànain seo. Chur an sgrùdadh cuideam air cho feumach ,s a tha seo air a leasachadh.

A’ leantainn air a seo ann an 2002, chaidh aithisg gu Coimisean an Aonaidh Eòrpaich fo ,n tiotal „Trèanadh Luchd-teagaisg Chànain Chèin: Leasachadh anns an Roinn Eòrpa“ (Ath-sgrùdadh air Aithisg, An Lùnastal 2002). Am measg nam molaidhean, tha e sgrìobhte anns an aithisg air tdd. 79, „Bu chòir gach neach-teagaisg trèanadh fhaighinn ann a bhith a’ cleachdadh ICT airson eadar-obrachadh leis a’ chloinn anns an seòmar-teagaisg“. Cuideachd, air tdd.79, „Feumaidh barrachd obrach a dhèanamh airson ,s gum bi modalan trèanadh luchd-teagaisg agus susbaint chùrsaichean in-sheirbheis rim faighinn air-loidhne, agus ann an cruthan eile airson ionnsachaidh air astar“.

Tha e na **amas aig Pools** na feumalachdan sgrìobhaidh gu h-àrd a fhreagairt le cruinneachaidhean ghoireasan *copyleft* a chruthachadh. ,S e *copyleft* dòigh air cead a chur air pìos obrach airson ,s gum bi e ceadaichte a sgaoileadh fad is farsaing. Bidh e ceadaichte lethbhreacan a dhèanamh agus an stuth atharrachadh, fhad ,s gu bheil an aon chead air gach lethbhreac agus air gach fear a chaidh atharrachadh. Tha Pools cuideachd ag amas air modalan cùrsaichean trèanadh luchd-teagaisg - modalan a tha sùbailte agus a rèir comasan an luchd-teagaisg - a thoirt gu ìre, deuchainn a dhèanamh orra agus an sgaoileadh. Bidh na modalan, a bhios *copyleft* cuideachd, a’ bualadh air dòighean-obrachaidh ICT agus leasachaidh stuthan ICT airson luchd-teagaisg mhion-chànain, a leithid cànain nam Basgach, Dainmhaircis, Dùitsis, Gàidhlig, Lithuàianach agus Romàianach.



Togaidh a’ phròiseact air toraidhean bhon phròiseict (BP-BLTM) cheana, a bharrachd air toraidhean bho phròiseactan eile ann an ICT agus LA. Nì pròiseact Pools a dìcheall na pròiseactan seo uile a thoirt ri chèile gus dèanamh cinnteach gum bi iomlaid ga dèanamh air eòlas is toraidhean, gus buaidh nas fharsainghe fhaighinn le co-obrachadh air fiosrachadh a sgaoileadh.

